

faileas

Fèisean nan Gàidheal's Newsletter • Iris 39 • An t-Ògmhios 2011 • June 2011

CUAIRTEAN CÈILIDH A' SÌOR LORG SLIGHEAN ÙRA



Le maoinachadh bho prògraman LEADER 2007 – 2013 às a' Mhonadh Ruadh, Earra-Ghàidheal sna h-Eileanan agus a' Ghàidhealtachd, cho math ri InG agus Alba Chruthachail, thèid sia cuairtean-cèilidh air an rathad a-rithist as t-samhradh mar phàirt den phròiseact Cèilidhean air Chuairt Slighean Ùra – Ceilidh Trail New Routes.

Tòisichidh na Cuairtean Cèilidh le seachdain trànaidh anns a' Phloc far am faigh na compàirtichean deagh theagasg bho sgioba thàlantach de luchd-oide a leithid Anna Massie, Donal MacIlleDhuinn, Ailean MacEanraig agus Blair Dùghlas. Na leasachadh ùr, thig compàirtichean nan Cuairt Cèilidh còmhla air an àrd-ùrlar airson cuirm taisbeanaidh air an oidhche mu dheireadh le compàirtichean na Sgoile Samhraidh Dràma (a tha gu bhith gabhail àite aig an aon àm ann am Port Rìgh). Thèid an tachartas seo a chumail aig Stiùidio Fàs, Sabhal Mòr Ostaig agus bidh e fosgailte don mhòr-shluagh.

Aon uair 's gun tèid iad air cuairt, tadhalaidh ceathrad sa sia com-pàirtiche bhon Chuairt Chèilidh air iomadh seòrsa àite-cluiche le dachaighean seann daoine, caistealan, taighean-stàile agus tallachan-coimhearsnachd nam measg gus daoine na sgìrean fhèin agus luchd-turais a fhrithealadh le prògram miorbhaileach de cheòl traidiseanta, seinn agus dannsa aig àrd ìre.

Às dèidh brosnachadh fhaighinn bho shoirbheachas a' phròiseict Slighean Ùra – New Routes, bidh Fèis Fhoirt, a tha stèidhte ann an Sruighlea, a' toirt cothrom do na compàirtichean aca eòlas taisbeanaidh fhaighinn le pròiseact ùr air a bheil Seiseanan Samhraidh – Summer Sessions. Stèidhte air modal nan Cuairtean Cèilidh, gabhaidh com-pàirtichean os làimh meanbh-chuairt de Shruighlea agus na Tròsaichean le bhith a' cluiche cèol traidiseanta a bhuineas dhaibh fhèin. Thèid am pròiseact seo a stiùireadh le luchd-ciùil na sgìre fhèin agus seann chom-pàirtiche Fèise Siobhan Anderson.

With funding from Cairngorms, Argyll and the Islands and Highland LEADER 2007-2013 programmes, as well as HIE and Creative Scotland, six ceilidh trails will again take to the road this summer as part of our Cèilidhean air Chuairt Slighean Ùra - Ceilidh Trail New Routes project.

Once out on tour the forty-six strong team of Ceilidh Trail participants will visit a huge variety of venues from old folks homes, castles and distilleries to village halls to entertain locals and visitors alike with a fantastic programme of high quality traditional music, song and dance.

For more information visit – www.feisceilidhtrails.org

Anns an iris seo:

Cuairtean Cèilidh	1
Blas Festival 2011	1
FèisThròndarnis	2
Sgoil Shamhraidh Dhràma	3
Còmhlan Tìr a' Mhurain	3
Dealbhan-cluiche Rèidio Ùra	4
AGM and Conference 2011	4



BLAS FESTIVAL 2011

Chaidh Blas a chur air bhog ann an Talla-chluich Eden Court air 26mh den Chèitean agus bidh tiogaidean saora rim faighinn gu deireadh an luchair airson gach tachartais. Tha prògram na bliadhna-sa loma-làn de thachartasan, nam measg cuirmean a' comharrachadh ceud bliadhna bhon a rugadh Somhairle MacGill-Eain, pios ùr bho Julie Fowles agus sreath chèilidhean le Blas nan Eilean a' toirt cothrom do dhaoine a bhith a' cluinntinn cuid de na seinneadairean a b' fheàrr à eileanan.

This year's Blas Festival programme has been launched and outlines a packed 9 days of great Highland music and Gaelic song, along with some special events as part of the 2011 Year of Scottish Islands. There are two new commissions, concerts marking the significant anniversaries of two Highland Fèisean, a special concert featuring voices and two events marking the centenary of celebrated Gaelic poet, Sorley MacLean. There will also be island Cèilidhs featuring some of our best-loved Gaelic singers. For the first time, in partnership with Comhairle nan Leabhraichean, Blas will be featuring Gaelic writers within its programme. The full programme is at www.blas-festival.com and tickets are available at discounted prices until the end of July.



FÈIS A' BHAILE



Children from Fèis a' Bhaile had plenty fun during a weekend of music and sport at Badaguish Outdoor Centre in Aviemore. With funding from Bòrd na Gàidhlig's 'Taic Freumhan Coimhearsnachd' scheme, children that do not have Gaelic received the opportunity to spend time together, working as a group learning Gaelic tunes, songs and phrases.

Under the tuition of Norrie MacIver and Irene Fraser, the group worked hard over the two days, especially on their Gaelic! It was so interesting seeing the children writing the songs phonetically as they interpreted the Gaelic words.

It goes without saying that their efforts deserved to be rewarded, and what a reward! On Saturday they visited 'Treezone' where they got the chance to be like monkeys, climbing high up amongst the trees. But on Sunday, at the end of the timetable, came the highlight. 'G2 Outdoor' took them on an outing down the River Spey on rafts. At the end of the day, despite the fact that it was mid-March with sub-zero temperatures and snow on the mountains – there was nothing for it but to jump in!

Fèis a' Bhaile 2011 will take place from 17 – 21 October. Contact Maree Nicolson on 01463 711956 for more information.

FÈIS LATHARNA

Chaidh an fhèis bhliadhnail aig Fèis Latharna a chumail san Òban. Bha suas ri 120 neach a' gabhail pàirt. Airson a' chiad turais riamh bha cuspairean a-muigh aca. Bha iad a' caitheamh bhòtannan, canoadh agus ri cuairt combaist.

Fèis Latharna held their annual Oban Fèis in April. Over 120 children attended and had a fantastic time. For the first time there were outside activities such as the Fèis Latharna welly throwing competition, canoeing and Gaelic orienteering.



FÈIS THRÒNDAIRNIS

Thèid Fèis Thròndairnis a thabhan ann an sgìre Stafainn am-bliadhna eadar 1 – 5 Lùnastal. Chaidh an Fhèis mu dheireadh a chumail seachd bliadhna air ais. Bidh còig làithean de theagasg air an tabhan do chloinn eadar aois 8 – 18 aig a bheil ùidh ann an ceòl traidiseanta agus a tha airson sgilean ciùil a thogail. Thèid a cumail ann an Stafainn am-bliadhna mar chomharra air an duais luachmhor a chaidh a ghlèidh a' choimhearsnachd an-uiridh. Chaidh Coimhearsnachd Gàidhlig na bliadhna a bhuileachadh orra le Comunn na Gàidhlig. Thèid an Fhèis a ruith tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin do chlann aig a bheil tuigse agus comas labhairt sa Ghàidhlig ach bidh fàilte chridheil ro phàiste sam bith a tha airson an cànan ionnsachadh cuideachd.

Bidh clasaichean rim faotainn tron t-seachdain leis an luchd-teagaisg a leanas; bogsa le Addie Harper, piob mhòr le Aonghas MacNeacail, drumaireachd le Anndra Mac a' Phearsain, fìdheall le Fiona NicAsgaill, giotàr le Murchadh Camshron, seinn le Catriona Nicleòid, fideag le Aonghas MacCoinnich, clàrsach le Ciorstaidh Pheutan, dràma le Aonghas MacLeòid agus iomain le Ailean MacLeòid. Bidh cothrom aig com-pàirtichean seiseanan feasgair a fhrithealadh ann an obair buidhne agus danasa dùthchail cuideachd. Air feasgar Dihaoine thèid consairt a chumail a bhios fosgailte don dhuine sam bith a tha airson na com-pàirtichean fhaicinn a' taisbeanadh an cuid sgilean ùra.

Air an oidhche thèid tachartasan coimhearsnachd a chumail airson cothrom a thoirt do mhuinntir Stafainn agus Chille Mhoire a thighinn còmhla aig dà chèilidh le ceòl bho luchd-teagaisg na Fèise. Thèid an cumail ann an Sabhal Theàrlaich, 4 Flòdaigearraidh.

Tha comataidh na Fèise ag obair gu cruaidh gus tachartas soirbheachail a chur air bhonn a bhios spòrsail agus buannachdail don òigridh a bhios ga frithealadh.

Ma tha e comasach dhuibh duais crannchuir neo bèicearachd a thairgse airson seachdain na Fèise nach leig sibh fios thugainn. Gheibhear barrachd fiosrachaidh agus foirmean-iarrtais bho Alison Pheutan air 01470 552328.

This summer will see Fèis Thròndairnis up and running in the Staffin and Kilmuir area of Skye from the 1st to the 5th August, after a break of seven years. Fèis Thròndairnis is a five day tuition based festival for young people with an interest in learning a traditional instrument. The Fèis will operate as a Gaelic Medium Fèis and will be available to children aged 8 to 18 years who have an ability to speak and understand Gaelic or who have a strong interest in learning Gaelic.

FÈIS MHOIREIBH 2011

Chum Fèis Mhoireibh a' phrìomh fhèis aca air 28 agus 29 Cèitean aig Colaiste Mhoireibh ann an Eilginn. Chuir iad fàilte air 66 com-pàirtichean, a mhòr-chuid dhiubh a tha air a bhith a' frithealadh an fhèis bhon a chaidh a stèidheachadh ann an 2007. Bha fìor dheagh sgioba teagaisg an làthair a bha a' toirt roghainn farsaing de chuspairean seachad do na com-pàirtichean, bha clas ùr de dh'ealain agus sgeulachdan le Lizzie NicDhùghail a bha gu math tarraingeach. Mar as àbhaist, chrìochnaich an fhèis le deagh chèilidh – a' coimhead air adhart ris an ath thachartas!!

Fèis Mhoireibh 2011 took place in Moray College, Elgin on the 28th and 29th of May and welcomed sixty six participants aged between eight and fifteen, many of whom have been attending the Fèis since it was launched in 2007. A great team of inspirational tutors led participants in a wide range of subjects and new for this year was an art and storytelling class led by Lizzie McDougall, which proved to be very popular. As always, the Fèis was rounded off with a fantastic ceilidh.

FÈIS NA H-ÒIGE

Thèid Fèis Phiobaireachd agus Drumaireachd a cumail le Fèis na h-Òige ann am Bad a' Ghiuthais eadar 26 agus 28 An Lùnastal. Bidh seo fosgailte do dh'òigridh eadar 10 agus 18 agus bidh an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh bho Alison Urquhart air 01463 729278 no tro phost-d: feisnaoige@feisean.org

The Fèis na h-Òige a' toirt thuathan
The Na h-Òige presents

Fèis Phiobaireachd agus Drumaireachd 2011

26-28 Lùnastal 2011 - Bad a' Ghiuthais, An Aghaidh Mhòr
26-28 August 2011 - Badaguish, Aviemore

Cothrom do phàirtichean riaraidh-mheadhanachdharfach, chlàrsachair an fhèisean a tha a' dèanamh sùbairt, agus drumairean aig an aon àite an aon thàlann a' frithealadh, agus spòrsail ann an seachdain.
An opportunity for intermediate/advanced pipers, improving chanter players and drummers of any level to develop their talents and learn new skills.

Thèid an t-oidhcheachd gu ìre a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig.
All tuition will be through the medium of Gaelic.

Aois: 10 gu 18
Age: 10 to 18

Cois: £80 ('a' gabhail a' dèilig sìte-fàilte agus bhòt) /
Cost: £80 (including accommodation and meals)

Fiosrachadh: Alison Urquhart - 01463 729278 no feisnaoige@feisean.org
Information: Alison Urquhart - 01463 729278 or feisnaoige@feisean.org

SGOIL SHAMHRAIDH A' DOL BHO NEART GU NEART

Bidh na h-àireamhan a bhios an làthair aig Sgoil Shamhraidh Dhràma na bliadhna-sa (4 gu 15 Iuchar) nas àirde na bha iad a-riamh, le 24 com-pàirtichean – àrdachadh de 50% air a' bhliadhna an-uiridh. Tha an àireamh seo a' gabhail a-steach dusan a tha a' tilleadh bho Sgoiltean Samhraidh às na bliadhnaichean a dh'fhalbh.

Às dèidh dhaibh raon farsaing de sgilean dràma ionnsachadh an cuideachd feadhainn den luchd-teagaisg dràma as aithnichte ann an saoghal na Gàidhlig - Artair Donald, Catriona Lexy Chaimbeul, Daibhidh Walker agus Ruairidh MacNeacail nam measg – bidh na cleasaichean òga seo a' taisbeanadh an cuid sgilean aig cuirm ann an Stiùidio Fàs, Sabhal Mòr Ostaig Diardaoin 14 Iuchar. Tha a' chuir seo – a b' àbhaist a cumail ann am Port Rìgh – ga ruith am-bliadhna ann an co-bhonn ri Fèis Alba airson a' chiad uair a-riamh. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun oidhche bho oifisean FnG: 01463 225559 no 01478 613355.

Tha tòrr air faire a thaobh dràma aig FnG a bharrachd air an Sgoil Shamhraidh. Eadar Lùnastal 2011 agus Ògmhios 2012 bidh sinn a' libhrigeadh grunn iomairtean dràma ùra air feadh Alba, nam measg: sreath de bhùthan-obrach dràma a bhios a' ruith fad na bliadhna, clubaichean dràma do dheugairean, panto Gàidhlig ùr, dràma-oidheachaidh do sgoiltean Beurla agus cuairt mhòr Ghàidhlig do bhun-sgoiltean.

Bidh cuid de na pròiseactan seo a' faighinn gu dol goirid às dèidh saor-làithean an t-samhraidh. Bidh iomradh air mar a tha a' dol do na pròiseactan anns an ath iris de Faileas!

Put 14 July into your diaries! The Sgoil Shamhraidh Dhràma and Fèis Alba – two of FnG's biggest annual projects – will be coming together at Stiùidio Fàs, Sabhal Mòr Ostaig, for a fantastic night of drama and music from some of Scotland's most talented young performers. Numbers for the Sgoil Shamhraidh are up 50% on last year – testament to the high quality teaching which has been offered since its re-establishment in 2008.

In addition to the Sgoil Shamhraidh, FnG has plans for several new exciting drama projects, including year-long drama tuition in GM schools, drama clubs for teenagers, a new Gaelic panto and TiE work in both EM and GM schools..



An Sgoil Shamhraidh Dhràma agus Fèis Alba 2011
The Gaelic Drama Summer School and Fèis Alba 2011

Oidhche de cheòl traidiseanta is dràma Ghàidhlig an cuideachd an ath ghinealaich de luchd-ciùil is cleasaichean
An evening of traditional music and Gaelic drama from the next generation of musicians and actors

7.30f Diardaoin 14 Iuchar
7.30pm Thursday 14 July

Stiùidio FÀS
Sabhal Mòr Ostaig
Slèite, An t-Eilean Sgitheanach
Sleat, Isle of Skye

Tiocaidean bho 01478 613355
Tickets from 01478 613355

£6/£3/clann le inbheach: an asgaidh
£6/£3/children with an adult: free

RD NA GÀIDHLE
The Highland Council Comhairle na Gàidhlichean
EDEN
ALBA

HIE
Highlands and Islands Enterprise

The Scottish Government
LEARN
CRiG

CÒMHLAN TÌR A' MHURAIN

After a successful run of weekly classes and workshops in Stoneybridge Hall, South Uist, Còmhlán Tìr a' Mhurain will be making their way to Stornoway to showcase their musical talents at the Hebridean Celtic Festival which takes place from 13 – 16 July. The 8 piece band has been invited to perform at the An Lanntair Arts Centre as part of the opening show on Wednesday afternoon (13 July).

Fèis Tìr a' Mhurain has been running groupwork classes for teenage musicians on South Uist for eight months with support from Fèisean nan Gàidheal and Bòrd na Gàidhlig. The classes are directed by local musicians Angusina Morrison and David Ballantyne. In preparation for their showcase performance in July, the group has been working alongside some of Scotland's most established musicians including Norrie Maciver, Innes Watson, Mike Vass, Calum MacCrimmon and Iain Macdonald.

Group member Pàdruig Morrison said of the imminent performance, "It was through the Fèis that I began playing music and I've continued going to Fèisean throughout Scotland ever since. I've got to meet a lot of professional musicians and other young musicians as result of the Fèis movement. I am really looking forward to playing at such a prestigious festival and performing on a big stage in front of a new, larger audience. I will also enjoy hearing new music and learning from professional musicians through the workshop programme we will be attending."

The members of Còmhlán Tìr a' Mhurain are: Pàdruig Morrison, Michael and Alasdair Steele, Angus Macinnes, Paula Macinnes, Mairi Innes, Siobhan Nicolson and Sarah Macinnes. After their performance on Wednesday the group will remain in Stornoway until Saturday to enjoy what the Hebridean Celtic Festival has to offer which will include a series of workshops led by accomplished musicians performing during the Festival, a live performance on Radio nan Gàidheal and tickets to attend the main stage events on Thursday and Friday evening.

Fèis Tìr a' Mhurain is very grateful to Scotland's Islands, Bòrd na Gàidhlig and the Community Education Dept in Uist for supporting this project.

For further information on Còmhlán Tìr a' Mhurain's Showcase performance or to find out about the Hebridean Celtic Festival and its 2011 line-up, please visit www.hebceltfest.com

DEALBHAN-CLUICHE RÈIDIO ÙRA



Gheibhear cothrom èisteachd ri sreath ùr de dhealban-cluiche rèidio an-dràsta air Radio nan Gàidheal, air a' phrògram òigridh 'Aileag', a thèid a chraoladh bèò gach feasgar Dihaoine aig 4f agus a-rithist aig 12f Disathairne no air làrach-lìn a' BhBC aig www.bbc.co.uk/aileag

Tha na dealbhan-cluiche seo mar thoradh air sreath de bhùthan-obrach a chùim sgioba-dràma Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court le bun-sgoiltean Gàidhlig ann an Sgìre Comhairle na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal. Ghabh 16 bun-sgoiltean pàirt ann uile gu lèir agus chaidh 29 dealbh-chluich rèidio a chlàradh às dèidh dhaibh sreath de bhùthan-obrach ann an sgìlean dràma airson rèidio fhaighinn.

Dh'obraich Fèisean nan Gàidheal agus Aileag air a' phròiseact airson a' chiad uair an-uiridh agus 's e seo a' chiad bhliadhna anns an robh Eden Court an sàs. Thuir Ruairidh MacNeacail a tha na obraiche-dràma don tèatar: "Fhuair a' chlann tòrr às a' phròiseact agus fhuair iad togail às gun deidheadh na dealbhan-cluiche aca a chraoladh agus gum biodh comas aig daoine bho air feadh an t-saoghail èisteachd riutha air-loidhne. Dh'obraich a' chlann uile gu math cruaidh agus bha iad gu math foighdneach fhad 's a bha sinn a' clàradh. Bha e math dhomh fhèin cuideachd a bhith ag obair air pròiseact sònraichte mar seo agus chòrdadh e rium a dhèanamh a-rithist gun teagamh sam bith."

Tha Fèisean nan Gàidheal fada an comain sgioba riochdachaidh Aileag a thug dhuinn an cothrom uidheamachd-clàraidh phroifeiseanta a chleachdadh a bharrachd air a bhith a' gearradh agus a' craoladh nan dealbhan-cluiche. Thuir Janice Ann NicAoidh bho sgioba riochdachaidh Aileag: "'S e cothrom uabhasach math a tha seo do na sgoilearan sgìlean dràma ionnsachadh agus tuigse fhaighinn air a bhith a' cruthachadh prògram rèidio. Tha tòrr spòrs air a bhith againn ag obair leis na sgoilearan agus luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court a' clàradh nan dealbhan-cluiche. Tha sinn uabhasach fhèin taingeil gur ann air Aileag a tha na dealbhan-cluiche air an craoladh agus tha sinn an dòchas gun urrainn dhuinn leantainn oirnn leis a' phròiseact sna bliadhnaichean a tha romhainn."

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun pròiseact seo cuiribh fios gu Aonghas MacLeòid aig Fèisean nan Gàidheal air 01463 225 559 no angus@feisean.org

NEW VOLUNTEER POLICY

As part of our policy portfolio, and reinforcing Fèisean nan Gàidheal's dependence on its volunteers, a new policy and charter has been approved by the Board. The document sets out the commitment required from Fèisean nan Gàidheal and the member Fèisean to the volunteer, and the commitment required from its volunteers to the organisation to provide the best possible service. The policy can be found at <http://www.feisean.org/Information/policies.html>

AGM AND CONFERENCE 2011

The Annual General Meeting of Fèisean nan Gàidheal will be held in The Dunblane Hydro Hotel, Dunblane on Friday, 23 September 2011. It is expected that many representatives from all the Fèisean across Scotland will be in attendance. There will be a Cèilidh following the dinner, which will feature young people from Fèis Fhoirt. The Conference will take place on Saturday 24 September, with the usual mix of presentations and workshops.

STAFF

Tha Fèisean nan Gàidheal toilichte fàilte a chur air Maria NicAonghais a tha air ùr-thòiseachadh mar Oifigear Leasachaidh nam Fèisean, stèidhichte ann an Loch Abar. Ghabh i ris an dreuchd an dèidh do Chaoimhin Rodgers ar fàgail agus tha sinn a' guidhe gach soirbheas do Chaoimhin.

'S ann à Staoinebrig, Uibhist a Deas a tha Maria agus chaidh a bogadh ann an obair nam Fèisean bho aois gu math òg le bhith a' frithealadh Fèis Tìr a' Mhurain 's tha ùidh mhòr aice ann an ceòl traidiseanta agus sa Ghàidhlig. Bidh Maria a' ceumnachadh a dh'aithghearr bho Oilthigh Shrath Chluaidh far an d' rinn i cùrsa ceithir bliadhna BEng Innleadaireachd Ceimigeach. Tha sinn a' guidhe dhi gach soirbheachas.

Bidh sinn cuideachd a' cumail taic a-rithist ri Sgeama Greis-ghnìomhachais nan Oileanach (air a ruith le Comunn na Gàidhlig) a' fastadh Calum MacConnail airson deich seachdainean as t-samhradh. Tha Calum, na oileanach Gàidhlig aig an t-Sabhal Mhòr, ag obair à oifis Inbhir Nis a' toirt taic dhuinn air measgachadh de phròiseactan.

Fèisean nan Gàidheal is pleased to welcome Maria MacInnes to the team as Fèis Development Officer based in Lochaber and wish our former officer, Kevin Rodgers, well.

We are also be supporting Comunn na Gàidhlig's student placement scheme again this year. Calum McConnell, a student at Sabhal Mòr Ostaig, is currently on a ten week placement with us.



Maria MacInnes

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ
Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org